

URNUIGHEAN GOIRID. 1884.

National Library of Scotland



\*B000476945\*





# URNUIGHEAN GOIRID

'S A MHADUINN AGUS 'S AN FHEASGAR

ANNS A GHAELEG.

AIRSON FEUM GACH NEACH FA LETH, AIG NACH 'EIL  
 MORAN UINE AIRSON URNUIGH A DHEANAMH  
 AIG NA H-AMANNAN SIN.

COMH-CHRUINNICHTE LE

SAGART

*ANNS AN EAGLAIS DÈ.*



BAILE-DHUTHAICH.



## URNUIGH MADUINN.

*Ann an Ainm an Athair, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh.*  
Amen.

O DHE uile-chumhachdaich agus shior-mhairainnaich làn do na h-nile trocair agus mhaitheas, tha mi tighinn ann do lathair 's a mhaduinn an-diugh, gu buidheachais a thoirt Dhuit airson a chaoimhneas a tha Thu daonnan a nochdadh dhomh, agus a nis gu sonnruichte trc an oidhche a tha seachad.

Is Thusa Fear-teasarginn mo chuirp agus m'anam ; tha Thu a toirt dhomh beatha, agus slainnite, agus neart, agus na h-uile nithe a tha ionchluidh agus féumail dhomh, airson a bheatha so, agus airson a bheatha a tha ri teachd. Tha mi a guidhe Ort, O DHE, teasairg mi o namhaid m'anam, agus o na h-uile olc, 's an latha an-diugh.

Deonuich dhomh gu'm biodh mi daonnan comasach a coimhead suas gu neainh, agus a bhi cinnteach gu'm beil mo pheacannan air an mathadh dhomh air sgath mo shluanigh-fhear Iosa Criosd, agus gu'm beil m'anam air a glanadh ann na Fhuil ro-phriseil Fein.

Beannuich iad uile airson am bu choir dhomh urnuigh a dhceanamh ; treoraich sinne uile, gu sabhailte, troimh dhorchadas an t-shaoghal so cadhon gu soilleireachd latha shiorruidh ann a neamh.

Tha mi a guidhe Ort na h-uile nithe so, gu h-ùmhail, agus gu durachdach, tre mhaitheas agus airson ghradh d'aon-ghin Mhic Iosa Criosd, ar Tighcarna agus ar Slanuigh-fhear ro-bheannuichte. Amen.

---

AR N-ATHAIR a ta air neamh, naomhaichear D'Ainin ; thigeadh Do Rioghachd ; deanar Do thoil air an talamh, mar thatar a deanamh air neamh. Thoir dhuinn an-diugh ar n-arán lathail ; agus maith dhuinn ar ciontainnean, mar a mhaitheas sinne dhoibhsan a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh ; agus na leig am buaireadh sinn ; ach saor sinn o olc ; oir is Leatsa an rioghachd ; agus a chumhachd, agus a ghloir, gu siorruidh agus gu siorruidh. Amen.

Gràs ar Tighcarna Iosa Criosd, agus gradh DHE, agus comhchomunn a Spioraid Naoimh, gu'n robh maille rium gu siorruidh. Amen.

SCOTTISH NATIONAL LIBRARY OF  
B 69 1984

# URNUIGH FHEASGAIR.

*Ann an Ainm an Athair, agus a Mhic, agus an Spioraid Naoimh.  
Amen.*

CREIDEAR ann an DIA, an t-Athair uile-chumhachdach, Cruathadair neamh agus talmhainn.

Agus ann an Iosa Criod aon Mhae-san, ar Tighearna, a ghabhadh leis an Spiorad Naomh, a rugadh le Muire an Oigh, a dh'fhuiling fo Phontius Pilat, a cheusadh, a fhuair bàs, agus a dh'adhlaiceadh ; chaidh E sios do dh'Ifrinn ; air an treas latha dh'eirich E ris o na mairbh ? chaidh E suas gu Neamh, agus tha E 'n a shuidhe air deas laimh DHE an t-Athair uile-chumhachdach ; as an sin thig E thoirt breth air na béothaibh agus air na mairbh.

Creidcam anns an Spiorad Naomh ; an Eaglais Naomh Choitchionn ; an Comh-chomunn nan Naomh ; am maitheanas pheacannan ; an aiseirigh a' chuirp ; agus a' bheatha shiorruidh. Amen.

---

O DHE, Athair Naomh agus thròcaircach, tha mi a tighinn a d'ionnsuidh a rithist aig crioch au latha so, ri thoirt Dhuit buidheachas ro-mhor airson na h-uile caoimhneas a tha Thu a nochdadhbh dhomh ; agus tha mi 'g iarruidh maitheanas Uat, airson mo pheacannan, mo dhearmaid, agus m' aincolais troimh an latha a tha seachad. Dean troeair orm, O Athair, tha mi a guidhe Ort ; agus air sgath do Mhic Iosa Criod maith dhomh mo chiontainean.

Glan m' anam nis a's a rithist, ann an Fuil Uain Dè a tha toirt air falbh peacadh an t-saoghal, agus treorai mi ann an slighe na sith. Deonuich gu'm biodh mi daonnan ullamh a dheanamh Do thoil ro-naomh, ann a smuain, ann a focail, agus ann an deanadais ; agus a thoirt suas mo bheatha mar iobairt-reitich Dhuit.

Cha 'n 'cile sam bith nach d' rinn Thu air mo shon ; thoir dhomh gràs do Spiorad Naoimh, gu 'm biodh mi cómasach mo ehreadimh agus mo gràdh Dhuit a nochdadhbh a mach, le m' beatha a thoirt suas gu d' sheirbhis, gus an t-ám glormhor sin, 'nuair a chi mi Thu, mar a tha Thu, ann an gloir an Athar anns na h-ardaibb, agus gu 'm bitidh mi maille riut gu siorruidh.

Tha mi a guidhe Ort, cisd rium, O Thighearna, Athair ro-throcairach, air sgàth Iosa Chriosd, Do Mhic air Tighearna ; A tha maille riutsa agus maille ris 'n Spiorad Naomh, aon DIA, suoghal gun chrioch. Amen.

---

AR N-ATHAIR a ta air neamh, naomhaichear D' Ainm ; thigeadh Do Rioghachd ; deanar Do thoil air an talamh, mar thatar a deanamh air neamh. Thoir dhuinn an-diugh ar n-aran lathail ; agus maith dhuinn ar ciontainnean, mar a inhatheas sinne dhoibh-san a ta ciontachadh 'nar n-aghaidh ; agus na leig am buaireadh sinn ; ach saor sinn o ole ; oir is Leatsa an rioghaechd, agus a chumhachd, agus a ghloir, gu siorruidh agus gu siorruidh. Amen.

Gràs ar Tighearna Iosa Criod, agus gràdh DHE, agus Comh-chomunn an Spiorad Naoimh, gu'n robh maille rium gu siorruidh Amen.

+

x







